



# PRÒISEICT MIONC NAN EILEAN SIAR

## Fiosrachadh An t-Og Mhios 2002



### NAIDHEACHAN

#### ◆ **NEACH-STIÙIRIDH ÙR AIRSON NA PRÒISEICT AIR AINMEACHADH**

Tha Sugoto Roy air àite Pol Tyler a ghabhail mar neach-stiùiridh na pròiseict. 'Se neach sgrudaidh eigeòlas a th'ann an Sugoto agus tha eòlas fad ùine aige air eigeòlas eileanan agus riaghladh a mhongus beag Innseanach air Mauritius. Bhon a thàinig e chon a' phròiseict, tha Sugoto air a bhith trang a suidheachadh oifis ann an taigh sgoile Sgarastadh anns na Hearradh agus a cuir air dòigh trèanadh airson na daoine air am fasdadh airson a bhith glacadh. Tha e cuideachd air a bhith cruthachadh ceangaileachan le ùghdarrasan ionadal agus buidhnean, airson àire dhaoine a thogail gun a' phròiseict, agus air a bhith leasachadh riaghladh na pròiseict. Gheibhear greim air Sugoto air 01859 550327 (s.roy@csl.gov.uk).

#### ◆ **BUIDHEANN A' PHRÒISEICT CO-IOMLAN**

Tha an luchd glacaidh uile a-nis air am fasdadh, le trì ag obair pàirt ùine agus naoi ag obair slàn uine. Mus tòisich iad air am prògram obrach tha an luchd glacaidh uile a gabhail pàirt ann an trèanadh mionaideach. Tha seo a toirt dhaibh an cothrom am fiosrachadh agus na goireasan as fhèarr a bhith aca airson a bhith glacadh nam beathaichean. Tha iad cuideachd air an trèanadh air cùisean sochair bheathaichean a bharrachd air sàbhailteachd agus slàinte phearsanta.

#### ◆ **FIOSRACHADH ÙR AIR A' GHLACADH**

Chaidh mòran ùine a chuir seachad air trèanadh agus air a bhith lorg ghoireasan gu h'àraid aig toiseach tòiseachaidh ach tha am pròiseict air 65 mionc a ghlacadh thuige seo, 33 anns na Hearradh agus 32 an Uibhist. Tha uile gu lèir 1300 trap gan cleachdadh mu thràth, 650 anns na Hearradh agus an Uibhist le 300 trap eile an dùil ruighinn a dh'àithghearr.

#### ◆ **MIONC AN UIBHIST-A-DEAS AGUS AN EIRISGEIDH**

'S a Ghiblean thàinig briseadh-dùil nuair a chualar a naidheachd gun deach a' chiad mhionc a ghlacadh ann an Uibhist-a-Deas. Tha seallaidhean cuideachd air an dearbhadh ann an Eirisgeidh. Mar phàirt den chlàradh a tha am pròiseict a' dèanamh tha sinn airson cluinntinn bho dhùine sam bith a tha smaointinn gum fac iad sealladh de mhionc. Tha am fiosrachadh seo feumach airson co-dhùnadh càit' am feum oidhirp glacaidh a dhèanamh 'san ùin' a tha romhainn. Cuiribh fios gu Sugoto Roy air 01859 550327 ma chi sibh sealladh air mionc.

#### ◆ **THOIR AN AIRE**

Mar a tha sinn a' gluasad gu àm an luchd turais a bhith tighinn mun cuairt, tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bidh luchd siubhal mothachail mun pròiseict agus nach cuir iad dragh sam bith air trapaichean. Tha buidheann a' phròiseict air bileag ullachadh a bhitheas air a chuir a-mach gu taighean-òsda 's àitean fuireach. Bidh bileagan beaga air an cuir aig na trapaichean airson innse carson a thathar gan cleachdadh agus bidh neach stiùiridh na pròiseict a' sgrìobhadh aistean airson foillseachaidhean ionadal airson fios a chumail ri daoine.

#### ◆ **COINNEAMHAN POBLACH**

Thathar an dùil coinneamhan poblach a chumail anns na Hearradh agus am Beinn a Fhaoghla 's an Lùnasdal le neach-stiùiridh na pròiseict a toirt seachad òraid air mar a tha dol dhan pròiseict. Bidh cothrom ann airson ceistean fhaighneachd agus deasbad air cuid de phuingeann mionaideach na pròiseict. Bidh sanasan air an cuir ann am paipearan naidheachd ionadal aig an àm ag innse mu na deitichean agus càit' am bidh na coinneamhan air an cumail. Bithear a beachdachadh aig na coinneamhan mu bhuidheann co-obrachaidh ionadal a stèidheachadh airson an cothrom fiosrachadh ionadal a chuir ris a' phròiseict a bharrachd air a bhith a toirt seachad fiosrachadh do dhaoine gu ionadal mu amasan na pròiseict, mar a tha gnothaichean a dol air adhart.

#### ◆ **DE MU DHEIDHINN LEÒDHAS AGUS NA HEARRADH?**

Tha Pròiseict Mionc nan Eilean Siar ag amas air mionc a sgrìos bho na h-Uibhistean agus àireamhan dhiubh a lughdachadh ann an ceann a Deas na Hearradh. Tha seo air ceistean a thogail mun dòigh anns a bheillear a' dèiligeadh leis a' mhionc 'san ùine fhada air feadh Leòdhas 's na Hearradh.

Tha an obair a' dol an-dràsta air ainmeachadh mar 'phase 1'. A bharrachd air a bhith sgrìos mionc bho na h-Uibhistean bidh seo na bhunait airson sgùdadh comasach airson coimhead air mar a theid dèiligeadh le Leòdhas agus na Hearradh. Coimheadaidh 'Phase 2' ri Leòdhas 's na Hearradh ach aig an ìre seo chan eil fiosrachadh sònraichte gu leòr ann airson an darra pròiseict.

#### ◆ **TAING AIRSON AR CUIDHEACHAIDH**

Tha Pròiseict Mionc nan Eilean Siar airson taing a thoirt dhan h-uile duine a tha air cuideachadh a thoirt dhan pròiseict gu ionadalu h'àraid le bhith ag aithris mu seallaidhean a' mhionc ann an Uibhist-a-Deas agus an Eirisgeidh. Tha e na chuideachadh mòr dhan pròiseict fiosrachadh fhaighinn mu seallaidhean mionc agus tha sinn ag iarraidh gun cum daoine a bhith faiceallach agus fios a chuir gu Sugoto Roy ma chì iad sian air: 01859 550327 (s.roy@csl.gov.uk). Tha sinn cuideachd taingeil do Chis-Chusbainn 's Bhathair a thug seachad bàta airson an luchd trapaichd fhaighinn chon na sgìrean iomalach agus gu 'Seadog' a tha air da seacaid-teasairginn a thoirt seachad.

### CÙL-FIOSRACHAIDH

#### ◆ **AN TRIOBLAID LE MIONC**

Chan eil mionc dùthchasach dha na h-Eileanan an Iar no fiù do Bhreatann. Thàinig iad gu bhith ma sgàoil anns na h-Eileanan nuair a dhùin tuathanasan mionc sios anns na trì ficheadan. Tha iad gu h'àraid cunnartach do dh'èoin fhiadhaich oir ithidh iad uighean, iseanan agus èoin mhòra bho làraich chudthromach èoin eadar-nàiseanta. Tha na h-Uibhistean nan dachaigh do chuid dhe na h-èoin is cudthromaiche 'san Roinn Eòrpa agus tha iad seo air an dìon fo Ordugh Èoin Fhiadhaich na Roinn Eòrpa le Àitean Sònraichte Dìona (SPA). Tha e mar uallach air Breatann nan làraich seo a dhìon a thaobh riaghailtean na Roinn Eòrpa. A bharrachd air glèidhteachais nàdair, tha droch bhuaidh aig a' mhionc air croitearachd, iasgach, tuathanachas eisg agus turasachd. Tha suidheachadh a' mhionc na dhùilgheadas do mhòran agus tha e mar ghnòthach dhuinn uile freagart fhaighinn dhan cheist. Gu mì-fhortanach an aon fhreagart buan a th'ann 'se am beathach a sgrìos.

#### ◆ **AMASAN NA PRÒISEICT**

Tha e mar amas aig 'Pròiseict Mionc nan Eilean Siar' am beathach gallda, am mionc Aimearigeach a sgrìos bho na h-Uibhistean agus àireamhan den bheathach a lughdachadh anns na Hearradh. A' beachdachadh air glèidhteachais nàdair, tha am pròiseict a gabhail àite airson àireamhan èoin de bhrìgh eadar-nàiseanta a dhìon. Tha a' choimhearsnachd gu mòr air cùil na pròiseict agus air a bhith a' beachdachadh air na prìomh cheistean agus tha an Seòmar-obrach Saidheans Meadhanach air a bhith dèanamh sgrùdadh mionaideach air dè tha gu bhith comasach a rèir na pròiseict. Bidh am pròiseict seo riatanach ann a bhith a dearbhadh dè an dòigh as fhèarr air am beathach a sgrìos bhon roinn as motha an Leòdhas 's na Hearradh.

#### ◆ **TAIC AIRGEAD AGUS CO AS A THÀINIG E**

Tha 'Pròiseict Mionc nan Eilean Siar' a toirt còrr is millean trì fichead 'sa còig mìle not dè dh'airgead Eòrpach, poblach agus eile do na h-Eileanan an Iar. Chaidh seo a dhèanamh comasach le na sgìrean glèidhteachais nàdair anns na h-Uibhistean a' tàladh leth dhen airgead bho stòras airgead nàdarra Eòrpach LIFE. Tha an stòras airgead seo ag amas air làraich 'Natura', air an ainmeachadh fo Ordugh Èoin Fhiadhaich agus Àrainnean Eòrpach, a' chuideachadh an dìon. Mar phàirt den iarrtas chuir Dualchas Nàdair na h-Alba suas ri leth mhillean not ris a' phròiseict comhla ri ceud gu leth mìle not bho Riaghaltas na h-Alba, ceud mìle not bho Chomhairle nan Eilean Siar, còrr is leth cheud mìle not bho Chomann Rìoghail Dion nan Eun, còrr is dà fhichead mìle not bhon Seòmar-obrach Saidheans Meadhanach agus còig deug air fhichead mìle not bho Iomairt nan Eilean Siar. Tha am pròiseict a toirt ri chèile co-chomann ùr dè na buidhnean seo.

**Airson barrachd fiosrachadh mu Phròiseict Mionc nan Eilean Siar no ma chith sibh mionc an àite sam bith cuir fios gu Dualchas Nàdair na h-Alba ann an Steòrnabhagh (Fòn: 01851 705258) no gu neach-stiùiridh na pròiseict Sugoto Roy air 01859 550327. (s.roy@csl.gov.uk).**